

MAR THORADH AIR SGAOILEADH A' CHORÒNA-BHÌORAIS, COMHAIRLE RIAGHALTAS NA h-ALBA MU LÙGHdachadh SIUBHAIL IS ASTARACHADH SÒISEALTA, AGUS DRAGHAN A THAOBH CUIBHREACHADH SAN AMHARC AIR TAIGH A' GHLINNE MHÒIR, GHABH A' MHÒR-CHUID DE CHOIMISEANAIREAN PÀIRT SA CHOINNEAMH AIR SKYPE.

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AGUS AIR SKYPE AIR 19 MÀRT 2020

An làthair:	Rod Mackenzie	Neach-gairm
	Andy Holt	Coimiseanair, air Skype
	Mairi Mackenzie	Coimiseanair, air Skype
	Malcolm Mathieson	Coimiseanair, air Skype
	Iain Maciver	Coimiseanair, air Skype
	David Campbell	Coimiseanair
	Cyril Annal	Coimiseanair, air Skype
	James Scott	Coimiseanair, air Skype
	Bill Barron	Àrd-Oifigear
	Mary Ross	Ceannard Obrachaidhean is Sgioba-obrach
	Aaron Ramsay	Ceannard Didseatach is Leasachadh
	David Findlay	Neach-lagha a' Choimisein, air Skype
	John Toal	Ceannard Poileasaidh
	Joseph Kerr	Ceannard Taic Riaghlaidh
	Betty Mackenzie	Manaidsear Conaltraidh

1 LEISGEULAN AGUS FÀILTE

Chuir an Neach-gairm fàilte air gach neach chun na coinneimh. Fhuair leisgeulan às-làthaireachd bho Choimiseanair Neilson, nach b' urrainn a bhith an làthair gu pearsanta no mar thoradh air cuingealachaidhean no air Skype air sgàth cùisean ceangail IT, agus Sine Nic|Thòmais, Ceannard Gèillidh.

Thug an Neach-gairm fa-near gun robh a' mhòr-chuid de na Coimiseanairean agus neach-lagha a' Choimisein a' frithealadh air astar, mar earalas air sgàth Covid-19. Thug e fa-near gun robh Taigh a' Ghlinne Mhòir a-nis letheach falamh, oir bha Dualchas Nàdair na h-Alba agus cuid de bhuidhnean eile air stad a chleachdadh an togalaich. Bha cuid de luchd-obrach a' Choimisein mar-thà ag obair bhon taigh ac h bha a' mhòr-chuid san oifis, ged a bha manaidsearan agus luchd-obrach a' beachdachadh, ann an co-chomhairle le Riaghaltas na h-Alba, air cho fada agus a mhaireadh seo. **Bheachdaich** na Coimiseanairean gur e sàbhailteachd agus sunnd luchd-obrach a' Choimisein am prìomhachas anns gach cùis.

Gu mì-fhortanach, cha robh e comasach do na meadhanan agus don phoball a' choinneamh a fhrithealadh, oir bha an togalach dùinte don phoball airson adhbharan slàinte. A dh'aindeoin sin, tha inbhe coinneamh phoblach fhathast aig a' mhòr-chuid den choinneamh, leis a' chlàr-ghnothaich agus na pàipearan air am foillseachadh ro-làimh agus an geàrr-chunntas gu bhith foillsichte aon uair 's gu bheil e aontaichte.

On a bha grunn bhuill a' frithealadh air astar airson a' chiad uair, chaidh aontachadh òrdugh a' chlàir-gnothaich fhoillsichte atharrachadh. Tha an gearr-chunntas seo a' clàradh a' ghnòthaich anns an òrdugh san deach a libhrigeadh air an latha.

EÀRR-RÀDH DON GHEÀRR-CHUNNTAS	Thoiribh an aire, aig a' choinneamh air 14 Cèitean 2020, bha an Coimisean airson am facal "bheachdaich" ann an dearg gu h-àrd, atharrachadh gu "dh'aithris".
--------------------------------------	---

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Dh'fhaighnich an Neach-gairm an robh neach sam bith airson com-pàirt fhoillseachadh. Cha deach com-pàirt sam bith ainmeachadh sa phàirt phoblaich den choinneamh.

3 GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' BHÙIRD AIR 6 GEARRAN 2020

Bha Gearr-chunntas na Coinneimh air 6 Gearran 2020 air aontachadh air post-d agus air fhoillseachadh air an làraich-lìn. Chaidh a thoirt chun na coinneimh airson fiosrachadh a-mhàin. Cha robh ceistean sam bith ann.

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHO CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Aig a' choinneamh roimhe, chaidh aontachadh gun deigheadh a' chùis mu roinnean-taghadh a thogail agus a dheasbad aig coinneamh le Fergus Ewing air a moladh airson an Ògmhios 2020. Ach, a thaobh an t-suidheachaidh làithreach le Covid-19, dh'fhaodadh nach tèid a' choinneamh seo air adhart. Mhol an Coimiseanair MacIomhair dhuinn ùine a ghabhail thar nan seachdainean ri teachd airson ath-thadhal air a' chùis seo agus dèanamh cinnteach gu bheil lèirsinn aontaichte againn. Thuirt an CEO nan robh an Coimisean airson riochdachaidhean a dhèanamh mun chùis ro thaghaidhean 2022, dh'fheumtadh sin a dhèanamh taobh a-staigh an ath 6 mìosan.

5 DREACH PLANA GNOTHACHAIS

Chomhairlich an CEO, bho àm beachdachaidh a' Bhùird air an dreach roimhe sa Ghearran, bha e air facal-toisich a chur ris. An dèidh deasbad dh'aontaich am Bòrd am pàipear aontachadh airson fhoillseachadh, aon uair 's gun deach mion-fhiosrachadh deireannach a chur ris leithid loidhne-bunait staitistigeach, nam biodh cumha air a chur ris a' mineachadh gun tàinig am plana seo gu buil ron a' phandamaig agus gum faodadh buileachadh air a' phlana a bhith diofraichte mar thoradh air Covid-19.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich am Bòrd am Plana Gnothachais le ùmhlachd do dh'atharrachaidhean deireannach.
-------------------	---

6 GNÒTHAICH DEATAMACH SAM BITH: Buidseat 2020-21

Chuir an Coimiseanair Mathieson an dreach buidseat airson 2020/2021 an aithne. Mhìnich e gun robh mòran obrach air inbheisteadh ann leis an AFC agus am Manaidsear Ionmhais gus am buidseat seo a tharraing ri chèile. Bha caiteachas neo-luchd-obrach uile air a ghearradh air ais, ga chumail chun na h-ìre bu lugha. Dh'fheumadh cosgaisean roile-pàighidh a bhith air an lùghdachadh tron bhliadhna ma bhathar gu bhith a' coileanadh a' bhuidseit. Mhol an Coimiseanair Mathieson aonta don bhuidseat le aithne gum faodadh gearraidhean sam bith a bharrachd buaidh a thoirt air gnìomhadh riaghlaidh.

Thug am Bòrd fa-near dùbhlán a’ bhuidseit agus chaidh faighneachd mu dheidhinn buaidhean cosgais san amharc a thaobh Covid-19. Thuir an CEO gun robh e mar-thà air aire Riaghaltas na h-Alba a thoirt gu comas air cosgaisean a bharrachd mar thoradh air a bhith ag obair bhon taigh agus buaidhean neo-dhìreach eile a’ phandamaig. Ach fhreagradh an sgioba-stiùiridh ann an dòigh shùbailte mar a bhiodh an suidheachadh a’ dol air adhart.

Bha Coimiseanairean den bheachd gun robh e cudromach an dleastanasan reachdail a choileanadh agus dh’aontaich iad am buidseat airson 2020/2021 ann an co-rèir ri moladh a’ Choimiseanair Mathieson.

Co-dhùnadh	Dh’aontaich am Bòrd an Dreach Buidseat airson 2020-21.
-------------------	---

7 ÙR-FHIOSRACHADH ‘TIMCHEALL A’ BHÙIRD’ BHO CHOIMISEANAIREAN

Chomhairlich an Coimiseanair Mathieson gun robh e a’ tuigsinn gun robh SG a’ pàigheadh IACS ann am Poinn Shasannach agus nach robh cothrom ann tuilleadh pàigheadh ann an Euros. Thuir e gun cruthaich seo duilgheadasan do chuid de thagraichean. Dhaighnich an Coimiseanair Campbell gun robh esan den aon bheachd. Dhàighnich an CEO gun cuireadh e an suidheachadh air dòigh le SG.

Chomhairlich an Coimiseanair Mathieson gun d’ fhuair e a’ choinneamh Thar-Phàrtaidh o chionn ghoirid glè inntinneach.

Thuir an Coimiseanair Holt gun robh e air abhith a’ conaltradh ri Matt Roberts Urras Ghoireasan Shealtainn. Rinn an t-Urras tagradh gu Maoin Gnìomhaidh Gnàth-shìde a’ Chrannchuri Nàiseanta gus pròiseact adhartachadh mu Litearrachd Gnàth-shìde, a’ coimhead ri croitearachd a dhèanamh nas càirdeil don àrainneachd.

Thuir an Coimiseanair Annal gum bu chòir don Bhòrd a bhith a’ coinneachadh uair san t-seachdain no sa cheala-deug agus na coinneamhan a bhith nas giorra.

Thuir an Coimiseanair MacIomhair gu bheil an suidheachadh le Covid-19 air buaidh a thoirt air a thuras a dh’Uibhist, a bha air a planadh. Thuir e cuideachd gun robh e den bheachd guir e àm math a th’ ann airson a’ mholaidh a leasachadh a thaobh luchd-obrach a chur do na h-Eileanan Siar.

Thuir an Coimiseanair Scott gun robh a ghnòthachas prìobhaideach air fulang. Chan eil coinneamhan ‘aghaidh ri aghaidh’ a’ gabhail àite tuilleadh agus tha seo glè dhuilich oir tha sin na phàirt deatamach den ghnòthachas aige.

Thuir an Coimiseanair Mackenzie gur e àm draghail a th’ ann do chroitearan. Tha Covid-19 ag adhybharachadh duilgheadas agus tha feallsanachd chroitearan air atharrachadh.

Air an làimh eile agus a’ coimhead air adhart, thuir an Coimiseanair Mathieson gun robh artaigil inntinneach sa Glasgow Herald (19/03/2020) mu dheidhinn toradh bìdh ionadail agus taighean-spadaidh gluasadach. Thuir an Coimiseanair Mackenzie gun robh i a’ creidsinn gun toireadh Covid-19 cuid de chothroman do thoradh bìdh ionadail agus roinn air biadh.

Thuir an Coimiseanair Campbell gur dòcha gu bheil sgìrean dùthchail ann an àite nas fheàrr airson dèiligeadh ri cùisean Covid-19. Is e cothrom a th’ ann dhuinn a bhith ag adhartachadh dòigh-beatha croitearachd. Chomhairlich e cuideachd gun robh e air fhasadh o chionn ghoirid gu bòrd Sgioba Gnìomha Dùthchail SG.

Chomhairlich an Neach-gairm gun robh coinneamh na seachdainne seo de Chaidreachas na Gàidhealtachd 's nan Eilean air a cur dheth. Bha dùil aige fhèin agus an air pàipear a thaisbeanadh mu chroitearachd, gleidheadh sluaigh agus cleachdadh fearainn. Thuirt an Coimiseanair Campbell gu bheil ùine gu leòr againn mar Bhòrd thar nan 12-14 seachdainean ri teachd airson na cùisean sin a dheasbad.

Dh'aontaich Coimiseanairean gum biodh e luachmhor agus cudromach a bhith a' conaltradh ri Measadairean rè cùis-èiginn an Covid-19, gus pàirt a ghabhail ann an tele-co-labhairtean mu chùisean croitearachd.

Dh'fhaighnich an Coimiseanair Mackenzie an robh fèilltean reic stuic a' dol air adhart? Bha cuid de ruipean gan coileanadh gu didseatach agus bha feadhainn eile a' dol air adhart. Thuirt an Coimiseanair Campbell gum feumadh fèilltean reic stuic a dhol air adhart oir tha iad deatamach don t-sèine bìdh.

8 LEASACHADH CROITEARACHD – DLEASTANAS A' CHOIMISEIN?

Dh'iarr an CEO beachdan mu dhreach litir Dreuchd Leasachaidh a chuireadh gu SG.

Chuir Coimiseanairean fàilte air an dreach litir, agus bha iad a' faireachdainn gun cuireadh daoine le ùidh taic ris a' Choimisean a' gabhail air dreuchd leasachaidh. Dh'aontaich am Bòrd gum bu chòir an litir a-nis a chur gu SG, an dèidh atharrachaidhean beaga, a' gabhail a-steach barrachd soilleireachd mu na cinn-aidheachd. Thug am Bòrd fa-near gum feumadh buileachadh practaigeach air cuid de na beachdan, gu h-àraid ath-leasachadh mòine air fearann ionaltraidh, barrachd beachdachaidh.

Dh'aontaich am Bòrd an litir gu Riaghaltas na h-Alba, le ùmhlachd do dh'atharrachaidhean beaga.

9 RALUT

(a) Sgioba Còmhnaidheachd is Cleachdadh Fearainn – Aithisg

Cha deach an nì seo a ghabhail. Thèid a dheasbad aig an ath choinneamh Bùird.

(b) Poileasaidh ceangailte ri Fo-ghabhail agus Èigneachadh Dhleastanasan

Chuir an Ceannard Poileasaidh am pàipear an aithne air poileasaidh co-cheangailte ri Fo-ghabhail agus Èigneachadh Dhleastanasan. Chomhairlich e gun robh co-dhùnadh Bùird bho 2014 air fo-ghabhail a bhrosnachadh gu h-èifeachdach airson suas ri 10 bliadhna ann an cùisean far nach robh croitearan a' coileandh an dleastanasan. Ged a bhathar a' cumail a-mach gun toireadh seo cothrom air fo-ghabhail gu luchd-inntrigidh ùr gu croitearachd, bha staitistigean a' sealltainn nach robh seo a' tachairt ach ainneamh. Gu practaigeach, bha croitearan làithreach a' meudachadh an comais air fearann croite, a choimiseanaig an aithisg air taic do chroitearachd an-uiridh gu bhith millteach do libhrigeadh air poileasaidh an riaghaltais air croitearachd. Bha am pàipear a' ceasnachadh an robh, bho shealladh ro-innleachdail, an Coimisean riarachta leantainn air adhart le pròiseas a dh'fhaodadh a bhith a' cur ri crìonadh air siostam a bha an Coimisean ann airson adhartachadh.

Tha am pàipear a' sireadh aonta gu an aonta a ghabhadh ann an 2014 leis a' Bhòrd a bh' ann, ath-sgrùdadh.

Dh'aontaich Coimiseanairean gun robh an fhaotainneachd fhurasta air fo-ghabhailean fad-amail agus an gluasad a dh'ionnsaigh iomlanadh air fearann croite, a' ciallachadh gur dòcha nach biodh uimhir de chothroman an làthair do luchd-inntrigidh ùr. Thuirt an

Coimiseanair Holt gun robh seo faicsinneach ann an Sealtainn. Thuir e gun robh cùisean eile ann a thaobh dhleastanasan èigneachaidh leithid nach toigh le croitearan a bhith ag innse air an nàbaidhean.

Thug an Coimiseanair Campbell fa-near gun robh co-dhùnadh Ìre 3 air tagradh airson fo-ghabhail croite a dhiùltadh, oir cha robh plana sam bith ann don chroitear a bha às-làthair tilleadh chun na croite.

Air an làimh eile, thug an Coimiseanair Scott fa-near, nuair a tha croit ga fho-ghabhail, gum bi am fearann air obrachadh. Cheasnaich e an robh am pàipear a' cuimseachadh air a' phrìomhachas a bu chudromaiche.

Thuir an Ceannard Taic Riaghlaidh gum faodadh cùisean a bhith an làthair co-cheangailte ri feuchainn ri tagraidhean a dhiùltadh, stèidhichte air atharrachadh poileasaidh a-mhàin. Am biodh sinn comasach air adhbharan a stèidheachadh ann an cùisean far nach robh gearanan bhon choimhearsnachd agus gur e am poileasaidh againn an aon nì àicheil.

Dh'aontaich an Ceannard Poileasaidh gum feumtadh beachdachadh air gach tagradh air a bhunait airidheachd fhèin, agus gum faodadh cùisean a bhith ann far a bheil fo-ghabhail nas fhaide reusanta. Ach is e an fhirinn gu bheil cùisean air a bhith an làthair far a bheil an Coimisean air tagraidhean fo-ghabhail a bhuileachadh airson 10 bliadhna, nuair a dhiùltadh cead don chroitear às-làthair a bhith às-làthair airson 4 bliadhna. Cha robh e a' coimhead cunbhalach gum faod a leithid sin de thagraidhean a bhith air an diùltadh ach gum faod fo-ghabhailean nas fhaide a bhith air an aontachadh aig a' chiad ìre de cho-dhùnadh tiomnaiche.

Thuir e cuideachd gum faodadh cùis chudromach a bhith co-cheangailte ris a' phròiseas a bha ga chleachdadh anns na cùisean dhleastanasan. Gu làithreach, nuair a gheibhear fios mu bhriseadh dhleastanasan, thathar ag innse don chroitear mar a ghabhas e a chur ceart, le fo-ghabhail mar an roghainn as fheàrr. Ach, tha an Achd a' sealltainn gum bu chòir don chroitear fios fhaotainn mun bhriseadh bhon Choimisean. Le bhith a' cleachdadh nan ceumannan a tha an Achd a' taisbeanadh, bhiodh mòran a bharrachd smachd aig a' Choimisean air a' phròiseas agus dh'fhaodaist a bhith cinnteach gu bheil uallaichean nan àite a bheireadh seachad raointean-ama freagarrach airson fuasgladh ceart air dleastanasan. Aig an aon àm, dh'fhaodadh seo bacadh a chur air cuid de na duilgheadasan a dh'fhaodaist fhaicinn ma tha tagraidhean fo-ghabhail, a dh'aindeoin raon-ama, air an diùltadh.

Nochd am pàipear cuideachd gun robh cumhachdan èigneachaidh dhleastanasan nam pàirt chudromach de dh'Achd 2010 agus gam meas mar aon de na h-innealan airson gnìomhachd ionmhais air fearann croite a lùghdachadh. A' coimhead ris ann an co-theacsa comasachaidh inntrigeadh gu croitearachd air prìs reusanta – cuspair cudromach ann an leasachadh ro-innleachd molta a' Choimisein - tha coltas ann nach eil mòran oidhirp air na cumhachdan sin a chleachdadh ann an dòigh a tha a' fàgail croitean nas fhasa am faotainn agus mar sin nas fhasa an ceannach air prìs reusanta.

Thuir an Coimiseanair MacIomhair gu bheil co-fhaireachdainn aige ris a' phàipear ach gun robh e den bheachd gun robh prìsean ro àrd airson sònrachaidhean croite, na thrioblaid nas motha. Thug na Coimiseanairean fa-near gun robh prìsean àrda aithnichte air mòran chroitean a' gabhail gnothaich ri iarrtas nochdte agus ga dhèanamh doirbh a bhith deimhinnte mu ìre iarrtais. Mar fhreagairt, mhol an Ceannard Poileasaidh gun robh prìs àrd fearann croite leis fhèin na chomharra air iarrtas àrd.

Dh'aontaich na Coimiseanairean uile am pàipear agus a mholadh gum feum na cùisean sin a bhith air an ath-sgrùdadh. Dhaingnich an Ceannard Poileasaidh gum biodh molaidhean nas làidire san ath phàipear a thaobh poileasaidh fo-ghabhail agus cùisean co-cheangailte, a' gabhail a-steach poileasaidh air cead a bhith às-làthair.

Dh'iarr am Bòrd pàipear eile air a' chùis seo gus na roghainnean a thaobh atharrachadh poileasaidh a mhion-sgrùdadh.

10 CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH

Thèid an ath choinneamh den Choimisean a' cleachdadh teicneòlas air astar a chumail air 14 Cèitean 2020.

11 GSBE

Chaidh an t-aon nì de ghnothaich deatamach a ghabhail na bu thràithe sa choinneamh (nì 6 gu h-àrd).

Thug am Bòrd taing don Cheannard Didseatach is Leasachaidh agus a cho-obraichean airson Skype a chur air bhonn gun mòran fios ro-làimh.

12 ÀS-DÙNADH NAM MEADHANAN IS POBALL

Thug an Neach-gairm taing do na h-uile airson a bhith an sàs sa choinneamh agus dhùineadh a' choinneamh aig 3.30f.